


Hall 195 h. 1(1-22)

National Library of Scotland



B000274327

NA H-IASGAIREAN.

AN uair a chi mi iasgairean a' càramh an lìn, agus ag allachadh gu dol a dh'iasgach, is minic a smuainich mi gu bheil ni-egin urramaich 'n an obair, an uair a chuimhnicheas mi gur h-i so ceird a bh' aig na h-urrad de Abstolaibh an Tighearn Iosa. Tha na Scriptoruair ag innseadh dhuinn gun robh cuid de na h-Abstolaibh 'n an iasgairibh air fairge Ghalile an uair a ghairmeadh iad leis an Tighearna, chum 's gun deanadh se iad 'n an iasgairibh air daoinibh. Is e tha a' chainnt so a' ciallachadh gum biodh iad air an cur a mach le Iosa chum aire an co-chreutairibh a tharruing a dh'ionnsuidh na saorsa sin o chionta agus o dhiteadh a thainig e-san a dh'fhaotainn do pheacaichibh. Bu ghràs-mhor do rìreadh an teachdoireachd leis an do chuireadh iasgairean Ghalile a dh'ionnsuidh dhaoinibh peacach. Bha iad gu innseadh dhoibh, ged a pheacaich iad uile, agus ged a thoill iad, agus a bha iad buailteach do fheirg Dhe gu sìorruith, gidheadh gun d'fhuair Iosa mathanas do gach aon a chreideadh ann, leis a' pheanas a thoill am peacaidh-san fhulang 'n an àite. Tha dòchas agam gu bheil fhios agad gur h-e 'm peacadh thug am bàs do'n t-saoghal. Ach cha robh peacadh sam bith aig Crìosd arson am b'cigin da bàs fhaighinn; gidheadh dh'fhuiling e bàs cràiteach agus mallaichte a, chroinn cheusaidh. Nis rinn an Slànuighear beannaichte so chum a bhì 'n a iobairt-réitich air son peacaidh, a chum air an doigh so gum bitheadh a mhead 's a dh'aontaicheadh leis na rinn e troimh chreideamh ann mar an aon Slànuighear air an saoradh o chionta agus o thruaighe, nach rachadh an sgrìos, ach gum bi a bheatha mhaireannach aca.

Dh'innis iasgairean Ghalile an sgeul math so 'anns gach àite an do shìubhail iad. Bha dearbh fhios aca gun robh feum aig na h-uile air tròcair, do bhrìgh gun do pheacaich na h-uile. An uair a bheirear fainear gu bheil lagh Dhe ag iarraidh umhlachd uile-iomlan, agus gu bleil iarrtais, ni h-e an hain a ruigheachd ar gnìomharra o'n taobh a mach, ach mar an ceudna gu bheil e a ruigheachd suidheachadh smuaintean an cridheacha, is fheudar dhuinn a' dèanamh gu bheil an dream is beusaich ann an suilibh

an coimhearsnaichibh an eiseamail mathanais cho math ris 'mhuinntir tha ciontach ann am peacaibh follaiseach. Ach am feadh a ta na h-uile feumach air trocair is ro-shòlasach an gnothach gu bheil an tròcair air am bheil feum againn air a tairgseadh gu saor do na h-uile. Cia air bith cho lionmhor agus cho mor air an an-tromachadh is a bha ciontaidh aon neach san am a chaidh seachad, cha'n urrainn iad a dhruideadh a mach o chòir ann am foillseachadh na tròcair trid Iosa Crìosd. Tha 'u t-abstol Pòl gu h-àraid ag innseadh gun 'd fhuair e-fein tròcair, ged a bha e na aon de na peacaichibh bu mho chum ann san *air tùs*, no annsan an *ceud-fhear*, gum foillsicheadh Crìosd an uile fhad-fhulangas mar shambladh dhoibh-san a chreideadh ann an deigh so chum na beatha maireannaich, 1 Tim. i. 6. Is naidheachd ro-aoibhinn so do gach neach, agus c' àit air bith am bhicil e air a' chur an ceill tha mhisneach is mo air a toirt do gach neach gabhail ris.

O na chuir Dia na fhreasdal am Piobull 'n ar làmhaibhsa, agus o'n tha là a 'tighinn's an eigin duinn cunntas a thoirt mu 'n fheum a rinn sinn deth, tha dòchas agam a charaid ionmhuinn, nach gabh thu miotlachd ged chuir mi ceist ort ris am bheil gnothach àraid agad, agus mu thimchioll an còir dhuit smuainteachadh gu dùrachdach, gu bheachd air là mor sin a' bhreitheanais: Ciod am feum rinn thusa fathast de theachdoireachd tròcair Dhe, a thugadh seachad le iasgairibh Ghalile, agus a th' againn's a Phiobull?—Math a dh' fhaoidte 'gun d' araicheadh o d' òige thu ann an cleachdadh deadh-bheusaibh o'n leth muigh, agus ma tha thu saor o pheacaibh follaiseach, agus a' deanamh aidmheil air a Chreidimh Chriosduidh, gu bheil duil agad, do bhrìgh gu bheil thu cail-eigin ni's fearr na moran de d' choimhearsnaich gum bi gach ni gu math do d' thaobh. Ach cuimhnich nach 'eil na Scriptoruir ag ràdh gun toirear breith oirn fa dheircadh le bhi air ar coimeas ri 'r coimhearsnaich ach ri firinn De. Leis an fhirinn so ma ta gheibhear ciontach an droing is measarra an làthair dhaoinibh; agus eadhon dhoibhsan 'cha n' eil seòl sam bith air saoirsinn fhaotainn o chionta agus o dhòruinn shiorruith, ach troimh chreidimh ann am fearraibh fola Iosa Crìosd. Ach ceadaich dhomh ceist eile fhaineachd dhiot. Am bheil do chogais ag innseadh dhuit am feadh a ta thu a' leughadh an leabhraim so, nach do smuaintich thu riamh gu dùrachdach: mu thimchioll nam



firinnibh a ta'm Piobull a cur an ceill? Tha dochas agam gu bheil Piobull agad a bheir thu leat do'n tigh-aoraidh an uair theid thu ann, ach foadaidh e bith gur h-ainmic a leughas tu e aig do thigh fein. Theagamh gu bheil thu 'tighinn beò ann an cleachdannaibh a ta thu fiosrach tha e a' dìteadh, no theagamh gu bheil thu saoilinn gum bi do cheird a ta'g ad' thoirt gu tric o'n tigh, no thu bhì'n eiseamail saothreachadh arson beathachadh do theaghlaich na leith-sgeul air son do dhearmaid air focal De. Ach ciod air bith beachd a th' agad, ma ghabhas tu de dhragh ort fein na smuainicheas idir mu 'n chuis, faodaidh dearbh fhios a bhì agad, an darna cuid, nach d' rinn thu feum de'n Phiobull, no nach d' fhuair thu riamh fha-thast buannachd uaithe. A charaid ghràdhaich, mur'eil nor dhearbhadh agad air thu bhì faighinn buannachd o'n Phiobull, dean stad, agus gabh beachd air do shìgheannaibh. Smuainich guidheam ort, cia mar fhreagras do dhearmad uair roì'n bhas, an uair a bhitheas tu dìreach gu inndrinn air bith-bhuanntachd. Cha'n fhaiccar na nì faoin an sin dearmad a dheanamh air an t-slàinte mhoir. Seadh, *dearmad* a dheanamh oirre! Beachd-smuainich ciod tha so a ciallachadh. Cha'n'eil e air fhilleadh steach ann gun do chuir neach le thoil e fein an aghaidh an nì tha focal De a' cur an ceill, ach gun robh a chridhe cho mor air a shocrachadh air cuspairibh eile's nach d' thug e fainear an t-slàinte mhor. Cia lionmhor iad's an dùthaich so a ta'caitheadh an ùine's an dearmad uamhannach so! Tha iad a' faoinis ri 'n ùine luachmhoir am feadh a ta i gu sàmhach a' gabhail seachad. Tha iad a' deanamh dearmad air na sochairibh agus air na cothromaibh luachmhor a ta iad a' mealtuinn chum ionnsachadh cionnas a theid iad as o'n fherg ri teachd; an uair a ta gach tiota'g an toirt nì's tinne do'n am's am bi na nithe bhùineas do'n sith gu sìorruith air am folach o'n sùilibh.—Ach math a dh'fhaoidte gu bheil mi a' labhairt ri aon nach d' rinn dearmad air an t-slàinte mhoir, ach a thuig agus a mhothaich fheum oirre, agus a fhuair fois d' a anam tre chreidimh ann an Iosa Criosd. Ma's e so do chor, a charaid ionmhuinn, cuiream failt ort mar aon de chloinn Dhe. Tha fios agadsa ciod e beannacha an duine sin a fhuair mathanas na eueartaibh. Tha mi fiosrach sach gabh thu mìothlachd as an leabhran so a chuir a'd' laimh, ach gun òir thu e do d' choimhearsnaich, agus gur h-e durachd

do chridhe gun deanar feumail e do gach neach a leughas c. Ma chreideas sinn ann an Criosd, bheir sinn gràdh dha: ma ghràdhaicheas sinn e bheir sinn umhlachd dha. Mothaichidh sinn, mar a rinn esan, dian-thogradh air son slainte anamaibh neo-bhasmhor, agus ni sinn gairdeachas ma's urradh dhuinn, air chor sam bith, bhi 'n ar meadhon air an sonas siorruith a chuir air aghaidh.

Cha 'n 'eil fhios agam am bheil sibh a deanamh moran feun's duthaich so de 'n *lion-thairgne*. Is e 'n seorsa lion so a bh'aig' Iosa's an amharc, an uair a thuirt e, "A ta rioghachd neimhe cosmhuil ri lion air a thilgeadh's an fhairge, agus a chruinnich de gach uile sheorta *eisg*: ni air dha bhi làn, tharruing na h-iasgairean chum na traighe, agus air suidhe dhoibh, chruinnich iad na h-eisg mhatha ann an soithichibh, ach thilg iad na droch eisg a mach. Is ann mar sin a bhitheas ann an deireadh an t-saoghail: theid na h-aingil a mach, agus dealaichidh iad na droch dhaoine o mheasg nam fireanach; agus tilgidh siad iad's an àmhuinn theintich: an sin bithidh gul, agus snagardaich fhiocal, Matt. xiii. 47—50.

Tha 'n cosmhuileachd so ro-chomharaichte, agus faodaidh tu a bhrìgh a thuigsinn. Tha 'n lion-tairgne air a chor's an uisge, ach fhad's a ta e aig a' ghrund, cha 'n fhaicear ciod a ta 'n a lùb. Air an doigh cheudna, tha 'n soisgeul air a shearmonachadh do na h-uile; ach am measg na muinntir tha ag aideachadh bhi'g a chreidsinn dh' fhaodadh atharrachadh staid a bhi. Cha 'n urradh dhuinn fhaicinn ciod tha's a chridhe agus mur dean daoine am fìor staid aithnichte le droch-bheirt fhollaiseach, faodidh iad bhi air am meas 'n an creidich le 'n co-chreutairibh cho math ri dream ele. Ach am bu choir da so neach sam bith fhagail toilichte? Cha bu choir gu deimhin: oir tha dearbh-chinnt againn o 'n t-Slànuighear gur ioma fear-aidmheil ann an la mor a' chunntais a bhitheas gu siorruith air a thilgeadh o a làthair. Faic a Bhriathra fein, Mat. vii. 21. Tha deireadh an t-saoghail a tighinn, agus an sin tairngear an lion a dh' ionnsuidh na traighe. Air an là sin bithidh, an ni tha 'n traths' neo-fhaicsinneach air a thoirt ann an sealladh an t-saoghail uile. Bithidh fìor staid gach neach an sin air a dheanamh follaiseach, agus bithidh dealachadh,—cadhon dealachadh siorruith air a dheanamh.



